

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### A bheil am facal ‘siùcar’ anns a’ Bhìoball? (1)

*A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk). This is Litir 931. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 627 corresponds to Litir 931.*

Dè cho sean ’s a tha am facal ‘siùcar’ ann an Gàidhlig? Tha mi a’ ciallachadh le sin – cuin a thòisich na Gàidheil air bruidhinn air ‘siùcar’ agus cò às a thàinig am facal? Tha MacBheathain ag innse dhuinn anns an fhaclair aige – *Etymological Dictionary of the Gaelic Language* – gur ann às a’ Bheurla Mheadhanaich *sugre* a thàinig e; agus gur dòcha gun tàinig sin bhon Fhraingis *sucre*. Bidh sibh eòlach air an fhacal ann an grunn chànanan Eòrpach – *siùcra* ann an Gàidhlig na h-Èireann, *siwgr* ann an Cuimris, *zucker* ann an Gearmailtis agus *sakhar* ann an Ruiseanais. Tha iad uile càirdeach do chèile.

Ach dè tha a’ nochdadh anns a’ Bhìoball Ghàidhlig? Uill, gu h-iongantach ’s dòcha, **chan eil am facal siùcar anns a’ Bhìoball ann**. No, ma thà, cha d’ fhuair mise lorg air. Ma tha sibh fhèin eòlach air an fhacal *siùcar* anns a’ Bhìoball, bu mhath leam cluinntinn bhuaibh.

A bheil e, ge-tà, cho iongantach nach eil e ann? An robh muinntir na Roinn Eòrpa eòlach air siùcar **ri linn** sgrìobhadh a’ Bhìobaill? Chanainn nach robh.

A rèir choltais, ’s ann ann an eileanan a’ Chuain Sèimh a thòisich mac-an-duine air cuilc an t-siùcair fhàs. Sin *sugar cane* – cuilc an t-siùcair. Chaidh an t-eòlas sin chun nan Innseachan. Fhuair na Persianaich fios mu a deidhinn às na h-Innseachan, ach chùim iad dìomhair e. Reic iad an siùcar, ach cha do dh’inns iad mun lus às an tàinig e.

Mhair an dìomhaireachd gus an robh cogadh ann eadar na h-Arabaich ’s na Persianaich anns an t-seachdamh linn an dèidh Chrìosda. Sgaoil cuilc an t-siùcair gu iomadh dùthaich bhlàth an uair sin eadar ceann a tuath Afraga agus ceann a deas na Spàinntean. Agus sgaoil am facal leis. *Sharkara* ann an Sansgrait, *shakar* ann am Persianaich, *sukkar* ann an Arabais, *succarum* ann an Laideann, *sucre* ann am Fraingis.

Thathar dhen bheachd gun do ràinig am biadh milis seo Sasainn anns an aonamh linn deug, nuair a bha ridirean nan cogaidhean-croise a’ tilleadh dhachaigh bhon ear-mheadhanach.

Bhiodh siùcar bhon cuilc air Alba is Èirinn a ruigsinn goirid an dèidh sin. Cha bhiodh e na iongnadh ged a thigeadh am facal ùr às a’ Bheurla a bhathar a’ bruidhinn ann an Sasainn aig an àm. Ach cuin a thuirtear Gàidheil am facal ‘siùcar’ airson a’ chiad turais? Chan eil fhios a’ m. Agus bu chòir dhomh a ràdh, ged a tha muinntir ceann a tuath na Roinn Eòrpa a’ fàs biotais siùcair an-diugh, cha do thòisich sin gu timcheall Bliadhna Theàrlaich anns an ochdamh linn deug.

Ged nach eil am facal *siùcar* anns a' Bhìoball, tha cuid dhen bheachd gu bheilear ag ainmeachadh cuilc an t-siùcair ann no *sweet cane*. Mar eisimpleir, ann an Leabhar Jeremiah Caibideil 6, Rann 20 tha seo ann (tha an Tighearna a' bruidhinn): *C' uim an tig tùis o Sheba thugam-sa, agus a' chuile chùbhraidh o dhùthaich fad-às? Chan eil bhur tabhartas-loisgte taitneach, ni mò tha tlachd agamsa nur n-ìobairtibh.*

Tùis o Sheba – *incense from Sheba*. Bha Seba ainmeil airson malairt nan spìosraidhean. Agus a' chuile chùbhraidh o dhùthaich fad-às. Thathar ag eadar-theangachadh sin mar *sweet cane from a distant land* ann am Beurla. An e sin cuilc an t-siùcair? Tuilleadh air a' chuspair seo an-ath-sheachdain!

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** MacBheathain: (*Alexander*) *MacBain*; biotais siùcair: *sugar beet*; Bliadhna Theàrlaich: 1745-6; caibideil: *chapter*; rann: *verse*; an Tighearna: *the Lord*.

**Abairtean na Litreach:** *cò às a thàinig am facal?: where did the word come from?; gur ann às a' Bheurla Mheadhanaich X a thàinig e: that it's from the Middle English X that it came; càirdeach do chèile: related to each other; gu h-iongantach 's dòcha: surprisingly perhaps; bu mhath leam cluinntinn bhuaibh: I would like to hear from you; chanainn nach robh: I would say not; 's ann ann an eileanan a' Chuain Sèimh a thòisich mac-an-duine air cuilc an t-siùcair fhàs: it's in the islands of the Pacific Ocean that humans started to grow sugar cane; chun nan Innseachan: to India; chùm iad dìomhair e: they kept it secret; gus an robh cogadh ann eadar na h-Arabaich 's na Persianaich: until there was a war between the Arabs and the Persians; an t-seachdamh linn an dèidh Chrìosda: the seventh century AD; nuair a bha ridirean nan cogaidhean-croise a' tilleadh dhachaigh bhon ear-mheadhanach: when knights of the crusades were returning home from the middle east; cha bhiodh e na iongnadh ged a thigeadh am facal ùr às a' Bheurla: it wouldn't be a surprise if the new word came from English; gu bheilear ag ainmeachadh cuilc an t-siùcair: that sugar cane is named; c' uim an tig tùis o Sheba thugam-sa?: to what purpose does incense from Sheba come to me? [this is from the old translation of the Bible and the language is somewhat archaic]; chan eil bhur tabhartas-loisgte taitneach: your burnt offering is not attractive; ni mò tha tlachd agamsa nur n-ìobairtibh: nor do I gain pleasure from your sacrifices; ainmeil airson malairt nan spìosraidhean: famous for the trading of spices; tuilleadh air a' chuspair seo: more on this topic [this is informal usage and does not include a verb].*

**Puing-chànain na Litreach:** *chan eil am facal siùcar anns a' Bhìoball ann: the word siùcar is not in the Bible. The terminal ann is not necessary in this sentence but it acts as an emphatic to underline the point being made.*

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** *ri linn sgrìobhadh a' Bhìobaill: at the time of the writing of the Bible.*

*Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA*